



Iùl Goirid airson UACHDARAIN

CLÀR-INNSE

Dè an dleastanas ùr ris am feum mi gèilleadh?	2
Dè a tha anns an ìre chàraidh?	2
A bheil an ìre chàraidh a' buntainn ri gabhaltasan uile san earrainn phrìobhaidich?	3
Adhbharan nach urrainn dhan neach-gabhail tagradh ris an prhp ?	3
Am faod an neach-gabhail tagradh a chur a-steach don prhp mus eil fios agam gu bheil an trioblaid ann?	4
Dè thachras mura dèan mi an obair?	5
Tha an neach-gabhail agam air tagradh a dhèanamh dhan prhp – dè thachras a-nis?	5
Dè a tha ann an eadar-mheadhan agus an tèid a thabhann ormsa?	6
Chaidh a' chùis agam a chur air adhart gu comataidh – dè thachras a-nis?	7
Chaidh sumanadh a thoirt dhomh – am feum mi a bhith an làthair aig an èisteachd?	7
Dè am modh a bhios a' chomataidh a' leantainn?	8
Dè thachras as dèidh do cho-dhùnadh a bhith air a ruighinn?	10
Nuair a tha an obair chàraidh dèante, an urrainn dhomh tagradh a chur a-steach airson an airgid a bhiodh air a phàigheadh mura b' e an t-òrdugh faochadh màil?	10
Am faod mi ath-thagradh an aghaidh co-dhùnadh nach eil fàbharach dhomh?	11
Fiosrachadh Seòlaidh	12

Dheasaich am **prhp** an t-iùl seo gus cuideachadh a thoirt do dh'uchdaran a thaobh na bu chòir dhaibh a dhèanamh ma nì neach-gabhail tagradh don **prhp**. Chan e, agus chan eilear an dùil gur e, dealbhachadh cuimseach a tha ann de na h-atharrachaidhean uile a thug Achd an Taigheadais (Alba) 2006 a-steach a thaobh càraidhean san earrainn fhastaichte phrìobhaidich. Tha an reachdas air a ghabhail a-steach taobh a-staigh Achd an Taigheadais (Alba) 2006 agus Riaghailtean Pannal an Taigheadais Fhastaichte Phrìobhaidich (Tagraidhean agus Dearbhaidhean) (Alba) 2007 SSI Àir. 173.

DÈ AN DLEASTANAS ÙR RIS AM FEUM MI GÈILLEADH?

Bho 3 Sultain 2007 air adhart, tha dleastanas aig uchdaran san earrainn fhastaichte phrìobhaidich dèanamh cinnteach gu bheil taigh fastaichte a' coinneachadh ri ìre chàraidh bhunaiteach ris an canar an "ìre chàraidh". Mura h-eil taigh fastaichte a' coinneachadh ris an ìre sin, agus ma tha an t-uchdaran a' diùltadh na càraidhean riatanach a dhèanamh, faodaidh an neach-gabhail tagradh a chur don **prhp** airson co-dhùnadh bho Chomataidh Taigheadais Fhastaichte Phrìobhaidich ("Comataidh") a thaobh co-dhiùbh a tha an t-uchdaran air fàiligeadh san dleastanas aige sin a dhèanamh. Faodaidh a' Chomataidh an uair sin òrdan a thoirt dhan uchdaran na càraidhean riatanach a dhèanamh. Tha caochladh pheanasan a' buntainn mura dèan an t-uchdaran iad an uair sin.

DÈ A THA ANNS AN ÌRE CHÀRAIDH?

Tha an ìre gu math bunaiteach. Tha taigh a' coinneachadh ris an ìre chàraidh ma tha:

- a) e dìonach an aghaidh gaoth agus uisge agus reusanta freagarrach anns gach dòigh eile airson daoine a bhith a' fuireach ann,
- b) structar agus taobh a-muigh an taighe (a' gabhail a-steach drèanaichean, claisean agus pìoban air an taobh a-muigh) ann an staid reusanta agus ag obair ceart,
- c) na nithean a tha an gnìomh san taigh airson uisge, gas, dealan, slàintealachd, teas agus uisge a theasachadh ann an staid reusanta agus ag obair ceart,

- d) tàmh-àirneis, sgeadachaidhean agus uidheaman a tha air an solarachadh leis an uachdaran fon ghabhaltas ann an staid reusanta agus ag obair ceart,
- e) àirneis sam bith air a solarachadh leis an uachdaran fon ghabhaltas freagarrach airson a cleachdadh gu sàbhailte airson an adhbhair dhan deach a dèanamh,
- f) solarachadh dòigheil san taigh airson toirt fa-near do theintean agus airson a bhith a' toirt rabhadh nan tachradh teine no nam biodh amharas ann mu theine.

A BHEIL AN ÌRE CHÀRAIDH A' BUNTAINN RI GABHALTASAN UILE SAN EARRAINN PHRÌOBHAIDICH?

Tha Achd an Taigheadais (Alba) 2006 (Achd 2006) a' mìneachadh nan gabhaltasan dham bheil an ìre chàraidh a' buntainn. Tha e a' buntainn ris a' chuid as motha de gabhaltasan san earrainn fhastaichte phrìobhaidich (a' gabhail a-steach taighean ceangailte) ach chan eil e a' buntainn riutha gu lèir. Chan eil rèiteachaidhean a bhuineas ris an àireamh dhaoine a dh'fhaodas a bhith anns an taigh air an còmhdach leis an ìre.

CHAN FHAOD NEACH-GABHAIL TAGRADH RIS A' PRHP MA THA AN GABHALTAS:

- na gabhaltas tèarainte Albannach no na gabhaltas tèarainte goirid Albannach,
- na gabhaltas taighe a chaidh a ghleidheadh no a cheannach le ùghdarras ionadail airson a chleachdadh mar àite-fuirich no mar roghainn eile an àite a leagail gu làr;
- na gabhaltas àiteachais no na chroit;
- na gabhaltas taighe air fearann dom bheil Achdan an Luchd-Fearainn Beaga (Alba) 1886 gu 1931 a' buntainn.

CHAN FHAOD NEACH-GABHAIL TAGRADH DHAN **PRHP** MAS E AN T-UACHDARAN:

- ùghdarras ionadail
- uachdaran sòisealta clàraichte
- Dachannan na h-Alba (*Scottish Homes*), no
- Uisge na h-Alba (*Scottish Water*)

CHA DÉILIG AM **PRHP** RIS A' CHÙIS:

- mura h-eil an obair chàraidh a tha ri dhèanamh a' tighinn taobh a-staigh teirmean na h-ìre càraidh;
- ma tha an gabhail bho thùs airson trì bliadhna no barrachd agus an neach-gabhail an urra ris an obair chàraidh a dhèanamh;
- ma tha an obair chàraidh a tha a dhìth air sàilleabh milleadh a rinn an neach-gabhail no ball de theaghlach an neach-gabhail, no droch ghnìomh le treas neach;
- ma dh'fheumas an taigh ath-thogail no ath-shuidheachadh air sàilleabh sgrios no milleadh le teine no le stoirm, tuil no tubaist dho-sheachanta eile;
- ma tha an obair a' buntainn ri càradh no cumail suas rud sam bith a dh'fhaodas an neach-gabhail gluasad às an taigh le làn-chòir.

AM FAOD AN NEACH-GABHAIL AGAM TAGRADH A CHUR DHAN **PRHP** MUS EIL FIOS AGAMSA GU BHEIL AN TRIOBLAID ANN?

Chan fhaod. Feumaidh an neach-gabhail fios a chur thugad gu bheil feum air an obair gus gèilleadh ris an dleastanas agad coinneachadh ris an ìre chàraidh **mus** dèan e no i tagradh dhan **prhp**. Feumaidh an neach-gabhail cuideachd ùine reusanta a thoirt dhut gus an obair a dhèanamh. Bidh na tha de dh'ùine “reusanta” an crochadh air an t-seòrsa obrach a tha a dhìth agus suidheachaidhean uile na cùise. Mar eisimpleir, ma tha mullach seòmar-cadail an neach-gabhail agad ag aodion bithear an dùil gun deadh seo a chàradh gu fìor luath, ach bithear a' coimhead ri drèan air an taobh a-muigh a bhiodh a' stopadh bho àm gu àm mar chàradh air nach robh feum cho cabhagach.

DÈ THACHRAS MURA DÈAN MI AN OBAIR?

Mura dèan thu an obair, faodaidh an neach-gabhail agad tagradh a chur a-steach dhan **prhp** airson dearbhadh gu bheil thu air fàilgeadh nad dhleastanas dèanamh cinnteach gu bheil an taigh a' coinneachadh na h-ìre càraidh. Ma cho-dhùineas a' Chomataidh gu bheil thu air fàilgeadh nad dhleastanas, faodaidh i òrdugh a dhèanamh air a bheil Òrdugh Gnìomhachaidh Ìre Càraidh (OGIC) ga chur mar riatanas ort an obair a dhèanamh.

THA AN NEACH-GABHAIL AGAM AIR TAGRADH A DHÈANAMH DHAN **PRHP** – DÈ THACHRAS A-NIS?

Aon uair 's gun tèid tagradh èifeachdach fhaighinn, tha 14 latha aig a' Cheann-Suidhe bhon latha faighinn gus co-dhùnadh co-dhiùbh a dh'fhaodas an tagradh a bhith air a chur air adhart gu Comataidh no a bu chòir a dhiùltadh. Thèid tagradh èifeachdach a dhiùltadh a-mhàin ma tha an Ceann-Suidhe den bheachd gu bheil e sàraichte no faoin, no ma tha an neach-gabhail air tagradh co-ionann no coltach a dhèanamh bho chionn ghoirid, no ma chaidh an deasbad a rèiteach mar-thà.

Tha an cumhachd aig a' Cheann-Suidhe dàil a chur ann a bhith a' cur na cùise air adhart gu Comataidh far am “bheil dùil reusanta ann gun rèitich na taobhannan an t-eas-aonta”. Dh'fhaodadh seo a bhith iomchaidh, mar eisimpleir, ma tha coltas ann gun robh mì-thuigsinn shìmplidh ann a dh'fhaodar a rèiteach. Tabhainnidh am **prhp** cuideachd **eadar-mheadhan** mar roghainn.

DÈ A THA ANN AN EADAR-MHEADHAN AGUS AN TÈID A THABHANN ORMSA?

Is e dòigh gus aimhreit a rèiteach gu neo-fhoirmeil, às aonais na strì, na h-ùine 's na droch fhaireachdainn a tha gu tric an lùib mhodhan foirmeil, a tha ann an eadar-mheadhan. **Tha eadar-mheadhan pragtaigeach, dìomhair, luath agus an-asgaidh.** Chan eil eadar-mheadhan ri fhaotainn mura h-eil an dà thaobh ag aontachadh ris. Seach gu bheil an neach-gabhail a' cur fios chun a' **prhp** an toiseach, cha tèid roghainn eadar-mheadhain a thoirt dhut mur an do dh'aontaich an neach-gabhail mar-thà a dhol gu eadar-mheadhan. Thèid litir a chur thugad le lethbhreac den tagradh, a' foighneachd co-dhiùbh a tha thu deònach compàirt a ghabhail ann an eadar-mheadhan gus a' chùis a rèiteach. Ma tha thu airson eadar-mheadhan fheuchainn, **feumaidh** tu an litir sin a fhreagairt **ron** cheann-là a tha air a thoirt seachad san litir. Mura freagair thu, thèid a cho-dhùnadh nach eil thu airson compàirt a ghabhail ann an eadar-mheadhan agus thèid an tagradh a chur air adhart gu Comataidh. Tha bileag fa leth ann a tha a' mineachadh mar a tha am pròiseas eadar-mheadhain ag obair. Ma roghnaicheas tu a dhol gu eadar-mheadhan, thèid ceann-là, àm agus àite a thoirt dhut airson an t-seisein eadar-mheadhain. Mura h-obraich eadar-mheadhan, beachdaichidh Comataidh air an tagradh dìreach mar nach robh thu riamh air an t-eadar-mheadhan fheuchainn.

CHaidh a' chùis agam a chur air adhart gu comataidh – Dè thachras a-nis?

Mura tagh thu eadar-mheadhan, no ma dh'fhàiligeas eadar-mheadhan, **thèid a' chùis a chur air adhart gu Comataidh**. Thèid **Brath Cur air Adhart** a chur thugad a' daingneachadh seo agus a' foighneachd co-dhiùbh a tha thu airson a bhith an làthair aig èisteachd no a tha thu ag iarraidh riochdachaidhean sgrìobhte a dhèanamh. Faodaidh tu, ma tha thu ag iarraidh, an dà chuid a dhèanamh. Thèid an aon roghainn a thoirt dhan neach-gabhail agad. Beachdaich air a-seo gu cùramach mus co-dhùin thu gun a dhol gu èisteachd. Cuimhnich, ma roghnaicheas tu gun a bhith an làthair, nach bi cothrom agad freagairt a thoirt do na puingean a thogas an neach-gabhail agad air latha na h-èisteachd agus nach bi cothrom aig a' Chomataidh ceistean sam bith a chur ort. Ma bhios tu an làthair aig an èisteachd bidh cothrom agad na thogras tu de dh'fhiosrachadh a thoirt seachad air an latha fhèin. Cuimhnich gum **feum thu freagairt a thoirt dhan Chomataidh ron cheann-là a tha air a thoirt air a' Bhrath**. Ma tha feum agad air barrachd ùine, feumaidh tu fios a chur chun na Comataidh gus seo iarraidh, le mìneachadh goirid ag innse carson a tha barrachd ùine a dhìth ort. Ma tha thu airson cur ris na riochdachaidhean sgrìobhte agad no an atharrachadh, faodaidh tu seo a dhèanamh le sgrìobhadh chun na Comataidh aig àm sam bith suas ri 5 làithean obrach ron èisteachd. As dèidh sin, is urrainn dhut fhathast na riochdachaidhean sgrìobhte agad atharrachadh ma gheibh thu cead na Comataidh.

CHaidh sumanadh a thoirt dhomh – Am feum mi a bhith an làthair aig an èisteachd?

Feumaidh. Tha an cumhachd aig a' Chomataidh ceistean fhoighneachd agus faodaidh i a chur mar riatanas ort a bhith an làthair aig èisteachd no sgrìobhainnean no fiosrachadh a sholarachadh. Ma thèid Brath bhon Chomataidh a thoirt dhut, ag iarraidh ort a bhith an làthair no ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh, **feumaidh tu gèilleadh** ris a-sin, no dh'fhaodadh tu a bhith ciontach a thaobh eucoir agus dh'fhaodadh càin a dhol ort. Is e eucoir a tha ann cuideachd fiosrachadh breugach a thoirt dhan Chomataidh.

DÈ AM MODH A BHIOS A' CHOMATAIDH A' LEANTAINN?

Ron èisteachd, nì a' Chomataidh **sgrùdadh** air an taigh fhastaichte gus coimhead air an trioblaid mu bheil an neach-gabhail air gearan. Mar as trice tachraidh seo air latha na h-èisteachd. Cha bhi a' Chomataidh a' coimhead ach air an rud (na rudan) a chaidh a thogail agus cha dèan iad sgrùdadh cuimseach air an taigh, ach ann an cuid de shuidheachaidhean dh'fhaodadh rud iomchaidh eile tighinn am bàrr fhad's a thathar a' dhèanamh an sgrùdaidh sin. Tha cumhachd aig a' Chomataidh ceistean a chur mu nithean a bharrachd air an fheadhainn dham bheil an tagradh a' buntainn ma tha iad a' meas gu bheil e iomchaidh sin a dhèanamh. Faodaidh an tagradh tùsail a bhith air atharrachadh gus suim a ghabhail do ghnothaich ùr a tha air tighinn am bàrr, no faodaidh dàrna tagradh tighinn am bàrr gus dèiligeadh ris a' ghnothaich ùr seo. Ma thig an suidheachadh sin am bàrr, bheir a' Chomataidh seachad stiùiridhean a dh'inneas gu soilleir dhut fhèin agus dhan neach-gabhail agad na dh'fheumas a bhith air a dhèanamh.

Mar as trice thèid **èisteachdan** a chumail ann an àite poblach a tha taobh a-staigh astar-siubhail reusanta bhon taigh fhastaichte. Ma tha adhbhar sònraichte agad airson a bhith ag iarraidh an èisteachd a chumail gu dìomhair feumaidh tu sgrìobhadh chun na Comataidh ro làimh a' mìneachadh an adhbhair agus ag iarraidh orra an èisteachd a chumail gu dìomhair. Co-dhùinidh a' Chomataidh an uair sin co-dhiùbh a thèid gabhail ris an iartas agad.

Faodaidh tu fhèin a' chùis a stiùireadh no faodaidh an neach-ionaid agad a' chùis a stiùireadh dhut. Bidh cothrom agad innse dhan Chomataidh mu na ceistean càraidh a tha an neach-gabhail air a thogail agus faodaidh tu fianaisean a thoirt leat cuideachd ma thogras tu. Bidh cothrom agad ceistean fhoighneachd dhan neach-gabhail agad agus do dh'fhianaisean sam bith a tha e no i air a thoirt chun na h-èisteachd. Co-dhùinidh a' Chomataidh dè am modh a tha ri leantainn aig an èisteachd agad, agus mìnichidh an cathraiche dhut na tha dol a thachairt agus cuin a tha cothrom agad bruidhinn agus ceistean fhoighneachd. Na gabh dragh mu bhith an làthair aig èisteachd – tha am modh glè neo-fhoirmeil agus nì an cathraiche cinnteach gu bheil fios agad dè tha a' tachairt.

Thathar an dùil gun giùlain gach neach a tha an làthair aig an èisteachd iad fhèin ann an dòigh mhodhail agus iomchaidh. Tha an cumhachd aig a' Chomataidh neach sam bith a dhùnadh às an èisteachd, fiù's ged a bhiodh iad nan taobh no nan riochdaire, ma tha an neach sin a' dèanamh buaireadh.

Mura bi thu an làthair aig an èisteachd, faodaidh a' Chomataidh co-dhùnadh gun lean iad air adhart leis an èisteachd às d' aonais, fhad's a tha a' Chomataidh riarachtaichte gu bheil thu air brath ceart fhaighinn mun èisteachd.

Chan àbhaist dhan Chomataidh **co-dhùnadh** a thoirt seachad air an latha. Thèid a chur a-mach thugad goirid as dèidh na h-èisteachd le aithris mu na h-adhbharan airson a' cho-dhùnaidh.

DÈ THACHRAS AS DÈIDH DO CHO-DHÙNADH A BHITH AIR A THOIRT SEACHAD?

Ma cho-dhùineas a' Chomataidh nach eil thu air gèilleadh ris an dleastanas, feumaidh a' Chomataidh an uair sin "**òrdugh gnìomhachaidh ìre chàraidh**" (OGIC) a dhèanamh, ag iarraidh ort an obair riatanach a dhèanamh. Feumaidh a' Chomataidh an ùine sam feumar an obair a dhèanamh a shònrachadh, ach thèid co-dhiù 21 latha a thoirt dhut. Dh'fhaoidte gun sònraich an OGIC dè na ceumannan àraid a dh'fheumas tu a ghabhail, no dh'fhaoidte gum fàg a' Chomataidh an dòigh chàraidh an urra riut fhèin.

Is e eucoir a tha ann gun gèilleadh ri OGIC. Is e eucoir a tha ann cuideachd an togalach ath-fhastadh ri cuideigin eile fhad's a tha an OGIC fhathast an gnìomh (mura toir a' Chomataidh seachad cead).

As dèidh don ùine cheadaichte tighinn gu crìch, nì a' Chomataidh sgrùdadh eile, le èisteachd eile ga leantainn, ma tha feum air a-sin. Ma cho-dhùineas a' Chomataidh nach eil thu air gèilleadh ris an OGIC, bheir a' Chomataidh seachad **brath fàiligidh don ùghdarras ionadail** agus co-dhùinidh iad co-dhiùbh a nì iad **Òrdugh Faochadh Màil**. Is e òrdugh a tha seo a lughdaicheas màl sam bith a tha ri phàigheadh fon ghabhaltas, a rèir na suim a cho-dhùineas a' Chomataidh, suas ri bàrr-suime 90%. Chan eil e a' toirt buaidh air tèirmean a' ghabhaltais ann an dòigh sam bith eile. Tha òrdugh faochadh mail a' tighinn gu buil 28 latha as dèidh a' chinn-là mu dheireadh air a bheil an co-dhùnadh airson an t-òrdugh a dhèanamh a' tighinn gu buil.

NUAIR A THA AN OBAIR CHÀRAIDH DÉANTE, AN URRAINN DHOMH TAGRADH A CHUR A-STEACH AIRSON AN AIRGID A BHIODH AIR A PHÀIGHEADH MURA B' E AN T-ÒRDUGH FAOCHADH MÀIL?

Chan urrainn. Chan fheum an neach-gabhail ach am màl lughdaichte a phàigheadh fhad's a tha an t-Òrdugh Faochadh Màil an gnìomh, agus chan urrainnear màl cailte sam bith fhaighinn air ais bhon neach-gabhail.

AM FAOD MI ATH-THAGRADH AN AGHAIDH CO-DHÙNADH MURA H-EIL E FÀBHARACH DHOMH?

Faodaidh. Faodaidh tu ath-thagradh a dhèanamh chun an t-siorraidh taobh a-staigh 21 latha bhon latha a fhuair thu brath mun cho-dhùnadh. Faodaidh tu ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh nan co-dhùnaidhean a leanas:

- co-dhùnadh le Comataidh mu dheidhinn tagradh an neach-gabhail;
- co-dhùnadh le Comataidh gus OGIC atharrachadh no a chùl-ghairm;
- co-dhùnadh le Comataidh nach eil thu air gèilleadh ri OGIC;
- co-dhùnadh le Comataidh òrdugh faochadh màil a dhèanamh;
- co-dhùnadh le Comataidh òrdugh faochadh màil a chùl-ghairm;
- co-dhùnadh le Comataidh teisteanas a dhiùltadh ag innse gun deach an obair a chrìochnachadh.

Tha còir aig an neach-gabhail agad cuideachd ath-thagradh an aghaidh co-dhùnaidhean nad fhàbhar-sa. Thathar a' cur ath-thagradh gu cùirt an t-siorraidh mar thagradh geàrr-chunntasach. Gus fiosrachadh fhaighinn mu dheidhinn mar a bu chòir ath-thagradh a dhèanamh, bu chòir dhut fios a chur gu clèireach siorraidh cùirt an t-siorraidh a tha a' gabhail a-steach na sgìre sa bheil an taigh fo mhàl air a shuidheachadh. Mar eisimpleir, ma tha an taigh a tha fo mhàl ann an Dùn Deagh bu chòir dhut fios a chur gu clèireach an t-siorraidh aig Cùirt Siorraidh Dhùn Deagh.

FIOSRACHADH SEÒLAIDH

Ma tha thu ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh mun **prhp** cuir fios thugainn aig:

Pannal an Taigheadais Fhastaichte Phrìobhaidich (**prhp**)

3mh Ùrlar

140 Sràid Chaimbeul an Iar

Glaschu G2 4TZ

t: 0141 572 1179

p: admin@prhpscotland.gov.uk

l: www.prhpscotland.gov.uk

© Dlighe-sgrìobhaidh a' Chrùin 2007

RR Donnelley B53017 11/07 (Gaelic)

Gheibhear lethbhreacan a bharrachd bho
Bùth-leabhraichean Blackwell
53 Drochaid a Deas
Dùn Èideann
EH1 1YS

Òrdain fòna agus ceistean
0131 622 8283 no 0131 622 8258

Òrdain facsa
0131 557 8149

Òrdain puist-d
business.edinburgh@blackwell.co.uk

Thathar a' meas gu bheil an sgrìobhainn seo na riochdachadh cuimseach den tùs-sgrìobhainn.